

3 An Gearran 2015

A Phàrant/Neach-cùraim uasail

**Plockton High School incorporating Sgoil Chiùil na Gàidhealtachd (National Centre of Excellence in Traditional Music) and the school residence
Comhairle na Gàidhealtachd**

O chionn ghoirid, mar a dh'fhaodadh gu bheil fios agaibh, thadhail mo cho-obraichean agus mi fhèin air sgoil an leanaibh agaibh. Rè ar turais, bhruidhinn sinn ri pàrantan agus ri daoine òga agus dh'obraich sinn gu dlùth leis a' cheannard, manaidsèar an ionaid-còmhnaidh agus an luchd-obrach. Bha sinn airson faighinn a-mach dè cho math 's a tha daoine òga ag ionnsachadh agus a' coileanadh agus dè cho math 's a tha an sgoil a' toirt taic do dhaoine òga a bhith a' dèanamh cho math 's as urrainn dhaibh. Chuala sinn bhon cheannard mu na nithean anns an robh an sgoil soirbheachail agus na prìomhachasan a thaobh leasachadh. Sheall sinn ri raointean sònraichte de dh'obair na sgoile, a' gabhail a-steach Sgoil Chiùil na Gàidhealtachd agus na cothroman a tha ann dhaibhsan aig a bheil feum air taic a bharrachd len ionnsachadh. Mar thoradh air sin, bha e comasach dhuinn faighinn a-mach dè cho math 's a tha an sgoil a' dèanamh ann a bhith a' leasachadh foghlam dhaoine òga.

Dè cho math 's a tha daoine òga ag ionnsachadh agus a' coileanadh?

Tha fèin-fhiosrachaidhean matha aig a' mhòr chuid de dhaoine òga an uair a bhios iad ag ionnsachadh agus a' coileanadh. Tha na daoine òga a tha a' fuireach ann an ionad-còmhnaidh na sgoile a' mealtainn àrainn dhachaigheil agus faireachdainn làidir de bhuinteanas. San sgoil, tha na daoine òga a' nochdadh urram agus tha iad modhail agus ag iarraidh a bhith soirbheachail. Anns an ìre mhath a h-uile clas, tha deagh chàirdeasan ann leis an luchd-obrach. Tha e a' còrdadh ris na daoine òga a bhith ag ionnsachadh Bidh iad a' fòcasadh gu math an uair a bhios na gnìomhan eadar-dhealaichte agus aig deagh astar le cothroman a bhith ag obair ann an càraidean agus ann am buidhnean. Chan eil fèin-fhiosrachaidhean dhan t-seòrsa seo fhathast a' tachairt tric gu leòr thar na sgoile. Tha an luchd-obrach air tòiseachadh a' bruidhinn ris na daoine òga mu dhòighean sam faodadh iad an obair a leasachadh. Chuidicheadh modh-obrach na bu mhionaidich thar an ionnsachaidh, a' gabhail a-steach cleachdadh nas fheàrr den 'Àm Taic Phearsanta', daoine òga fios a bhith aca air mar a bhiodh iad a' tighinn air adhart nas fheàrr. Tha ionnsachadh dhaoine òga air a dhèanamh nas beartich tro raon de dh'fhèin-fhiosrachaidhean a dh'fhaodar a choileanadh taobh a-muigh an t-seòmair-sgoile. Tha an com-pàirteachadh ann am pròiseactan mar Coimpiutairean airson Afraca a' cuideachadh ann a bhith ag àlach co-fhaireachdainn ri daoine eile. Bidh daoine òga a' faighinn tuigse mhath air cultaran eile tro raon de chuaritean gu àiteachan mar An Ròimh, Paris agus a' Phòlainn. Tha càileachd an ionnsachaidh aig daoine òga ann an Sgoil Chiùil na Gàidhealtachd glè

àrd. Tha na daoine òga a' co-roinn an sgilean air leth ann an ceòl agus òrain le bhith a' gabhail pàirt ann an tachartasan cliùiteach agus ann an fhèisean mhòra leithid Celtic Connections. Tha mu leth nan daoine òga san sgoil a' faireachdainn gu bheil a' cur luach air na beachdan aca agus gu bheil a' gabhail sùim dhiubh. Tha sinn air iarraidh air an sgoil barrachd àite a bhith aig daoine òga a thaobh nan co-dhùnaidhean a bhithear a' dèanamh, a' gabhail a-steach a bhith a' meudachadh am pàirt a tha aca air Bòrd na h-Òigridh.

Tha coileanaidhean nan daoine òga air an aithneachadh tro dhuiscean sgoile agus tro ghrunnan dhuisean nàiseanta. Tha beagan de na daoine òga ag obair gu soirbheach sa choimhearsnachd agus tha seo a' cur ri iad a bhith a' cosnadh Duais Dhiùc Dhùn Èideann. Tha gnìomhachasan ionadail a' cuideachadh ann a bhith ag ullachadh dhaoine òga airson saoghal na h-obrach le bhith a' fòcasadh air sgilean agallaimh. Tha an fheadhainn a tha a' fuireach san ionad-còmhnaidh a' dol an sàs ann an raon de ghnìomhan luachmhor. Mar an ath cheum, tha sinn air iarraidh air an luchd-obrach air fad mothachadh a thogail air na prìomh sgilean airson ionnsachadh, beatha agus obair a tha air an leasachadh le bhith a' com-pàirteachadh anns gach gnìomh den t-seòrsa seo. Tha daoine òga aig a bheil feum air taic a bharrachd len cuid ionnsachaidh a' dèanamh deagh adhartas. Tha mòran dha na daoine òga ann an Sgoil Chiùil na Gàidhealtachd a' coileanadh aig inbhean àrda ann an Teisteanas Nàiseanta airson ceòl agus ann an fharpaisean mar Duisean Pìobaireachd na h-Alba. Ann an Fhoghlam tro Mheadhan na Gàidhlig, tha am beagan a tha a' dèanamh Theisteanas Nàiseanta a' coileanadh glè mhath. Ach, bhiodh e na bhuannachd don fheadhainn a tha ann an AS1-AS3 nan leasaicheadh iad am fileantas. Bho AS1-AS3, chan eil dealbh glè shoilleir aig an sgoil fhathast air an dòigh anns a bheil daoine òga a' tighinn air adhart agus a' coileanadh anns a h-uile raon den churraicealam. Tha sinn air iarraidh air an sgoil sealladh farsaing ro-innleachdail a thoirt air adhartas dhaoine òga a tha stèidhichte air measadh mionaideach agus air a bhith a' cumail sùil air an adhartas. Ann an AS4, tha an sgoil a' leasachadh coileanadh dhaoine òga ann an Nàiseanta 5 no teisteanas co-ionann. Mun àm a ruigeas iad AS6, tha coileanadh aig Àrd Ìre agus Sàr Àrd Ìre gu mòr nas fheàrr na tha iad ann an sgoiltean le daoine òga le feumalachdan ceudna agus bho shuidheachaidhean ceudna. Mar a bhios daoine òga a' fàgail na sgoile, bidh an sgoil a' leasachadh an coileanaidhean ann an lèitearrachd agus àireamhachd. Cha mhòr nach eil na daoine òga air fad soirbheachail ann a bhith a' gluasad air adhart gu cinn-uidhe sheaghail air dhaibh an sgoil fhàgail. Tha cuid den fheadhainn a tha ann an Sgoil Chiùil na Gàidhealtachd a' dol air adhart gu bhith soirbheachail gu nàiseanta agus gu h-eadar-nàiseanta.

Dè cho math 's a tha an sgoil a' toirt taic do dhaoine òga a bhith a' leasachadh agus ag ionnsachadh?

San fharsaingeachd, tha an sgoil a' toirt taic mhath do dhaoine òga a bhith a' leasachadh agus ag ionnsachadh. Ann an Sgoil Chiùil na Gàidhealtachd, tha dùbhlain air a chur gu h-èifeachdach ro dhaoine òga a thaobh an ionnsachadh ciùil. Ann an leasain san sgoil, tha a' mhòr chuid de thidsearan a' leasachadh an raon de dh'obair is de ghnìomhan a tha iad a' libhrigeadh. Mar thoradh air seo, a' mhòr chuid den t-sìde, tha iad sin iomchaidh ann a bhith a' coinneachadh ri feumalachdan luchd-ionnsachaidh. Sa mhòr chuid de leasain, thathar a' dol aig astar luath le ìre dùbhlain a tha a' dèanamh cinnteach gu bheil na daoine òga air fad a' dèanamh an adhartais as fheàrr. Ach, chan eil seo fhathast cunbhalach gu leòr thar na sgoile le

comas ann do dhaoine òga a bhith a' stiùireadh agus a bhith a' gabhail barrachd uallaich airson an ionnsachaidh. Tha an luchd-obrach taic do luchd-ionnsachaidh gu h-èifeachdach a' toirt chothroman don fheadhainn aig a bheil feum air taic len ionnsachadh. Tha iad sin a' cur cudrom air a dheagh bhreithneachadh air litearrachd, àireamhachd agus slàinte agus sunnd. Tha com-pàirtichean mar mhanaidsear an ionad-còmhnaidh, Luchd-cùraim Òga an Eilean Sgitheanaich agus Loch Aillse agus neach-obrach sheirbheisean chloinne a' cur gu math ri obair an luchd-dreuchd a bhios a' coinneachadh ri feumalachdan speisealta. Tha e ri mholadh gum bi daoine òga aig a bheil feumalachdan taic a bharrachd a' bruidhinn gu riaghailteach ris an luchd-obrach mun adhartas a tha iad a' dèanamh a dh'ionnsaigh am planaichean pearsanta fhèin. Bu chòir don luchd-obrach taic do luchd-ionnsachaidh leantainn orra a' co-roinn an ealantais ri tidsearan gus dèanamh cinnteach gu bheil a' coinneachadh ri làn raon de fheumalachdan luchd-ionnsachaidh ann an àrainn in-ghabhalach agus àrachail.

San fharsaingeachd, tha an luchd-obrach air gabhail ri mòran thaobhan den Churraicealam airson Sàr-mhathais. Ach, feumaidh iad a-nis luaths an astair a mheudachadh airson a bhith a' cur an cèill cuid de prìomh raointean de stiùireadh nàiseanta. Ann an AS1 – AS3, bithear a' tairgse raon de chùrsaichean do dhaoine òga le cothroman a bhith a' dèanamh rannsachadh nas doimhne ann an AS3 anns am bi daoine òga a' tòiseachadh a' speisealachadh ann an cuid de chuspairean. Tha an ùidhean air an leudachadh cuideachd tro raon de chùrsaichean goirid mar Stiùirichean Iomairt agus Spòrs. Thar chuspairean, bu chòir don luchd-obrach sgrùdadh a dhèanamh air adhbhar phròiseactan gus dèanamh cinnteach gu bheil iad a' cuideachadh dhaoine òga gus a dhol an sàs ann an fhèin-fhiosrachaidhean brìghmhor a chuidicheas iad a bhith a' dèanamh cheanglaichean nan cuid ionnsachaidh. Chan eil na tidsearan fhathast a' planadh soilleir gu leòr mar a tha iad a' leasachadh agus a' measadh litearrachd, àireamhachd agus slàinte agus sunnd thar an ionnsachadh. Ann an AS4-AS6, tha na daoine òga a' faighinn buannachd bho raon fharsaing de chùrsaichean a bhios a' leantainn air adhart gu Teisteanasan Nàiseanta. Tha ceanglaichean le Oilthigh na Gàidhealtachd 's nan Eilean a' cuideachadh dhaoine òga a bhith a' faighinn sgilean iomchaidh airson obair ann an dreuchd no gnìomhachas a dh'fhaodadh iad a bhith airson a leantainn an dèidh dhaibh an sgoil fhàgail. Don fheadhainn a tha ann an Fhoghlam tro Mheadhan na Gàidhlig, dh'fhaodadh seo leantainn gu duais ann an eòlas mheadhanan. Tha daoine òga a' faighinn chothroman a bhith ag àrdachadh an sgilean sa Ghàidhlig le bhith a' gabhail pàirt ann an tachartasan nàiseanta mar FilmG agus deasbaireachd. Ag obair leis an ùghdarras ionadail, feumaidh an sgoil leantainn orra a' meudachadh nan àireamhan a tha a' dèanamh Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh) agus Gàidhlig gu ìre Theisteanasan Nàiseanta. Tha na cothroman a thaobh ciùil dhan fheadhainn a tha ann an Sgoil Chiùil na Gàidhealtachd ùr-ghnàthach agus air an dealbh a rèir feumalachdan gach neach-ionnsachaidh fa leth.

Dè cho math 's a tha an sgoil a' leasachadh càileachd a cuid obrach?

Mar sgioba air a h-ùr-shuidheachadh, tha an ceannard agus an iar-cheannard air fòcasadh gu soirbheachail air a bhith a' leasachadh tuigse nas fheàrr leis an luchd-obrach a thaobh an dreuchd ann a bhith a' leasachadh na sgoile. Ann an sgiobaidhean chuspair agus mar luchd-obrach fa leth, tha tidsearan a-nis a' gabhail barrachd uallaich airson gnìomhan fèin-mheasaidh. Tha iad a' cur an sàs inbhean nàiseanta gus slighean a shònrachadh far an urrainn dhaibh cur ri ionnsachadh agus

coileanadh. Tha na h-àrd mhanaidsearan a' leasachadh prògram thachartasan gus fios air ais a thoirt do luchd-obrach airson an cuid obrach. Tha seo a' gabhail a-steach a bhith ag amharc air ionnsachadh agus teagasg agus a bhith a' sgrùdadh coileanadh ann an Teisteanasan Nàiseanta. Ach, chan eil modhan-obrach na sgoile a thaobh planadh airson leasachadh fhathast mionaideach gu leòr no air an cleachdadh cunbhalach gu leòr gus buaidh èifeachdach a thoirt air prìomh raointean den sgoil. Tha e mar amas soilleir meudachadh a dhèanamh air èifeachdas a bhith a' tracadh adhartas dhaoine òga, gu sònraichte bho AS1 gu AS3. Tha manaidsear an ionad-còmhnaidh aig a bheil deagh chliù a' stiùireadh an luchd-obrach ann an dòigh glè mhath a thaobh a bhith a' sònrachadh agus a' toirt adhart builean airson leasachadh.

San sgrùdadh seo fhuair eadhon na prìomh neartan a leanas.

- Daoine òga a tha a' nochdadh urram agus a tha modhail is a' fòcasadh gu math air an ionnsachadh.
- Coileanadh dhaoine òga mun àm a ruigeas iad AS6.
- Coileanaidhean sàr mhath dhaoine òga a tha ann an Sgoil Chiùil na Gàidhealtachd.
- An cùram agus an taic a tha an fheadhainn a tha a' fuireach ann an ionad-còmhnaidh na sgoile a' faighinn.

Bhruidhinn sinn ris an luchd-obrach agus ri Comhairle na Gàidhealtachd air na dòighean anns am faodadh iad leantainn orra a' leasachadh na sgoile. Is iad seo na nithean ris an do dh'aontaich sinn.

- Meudachadh an astair a thaobh a bhith a' leasachadh prìomh thaobhan den Churraicealam airson Sàr-mhathais, a' gabhail a-steach a bhith a' coinneachadh nas fheàrr ri feumalachdan ionnsachaidh dhaoine òga air fad.
- Leantainn air adhart a' leasachadh Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh) agus Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig gus fileantas a leasachadh agus gus an àireamh a tha soirbheachail ann an Teisteanasan Nàiseanta a mheudachadh.
- Modhan-obrach a thaobh a bhith a' tracadh agus a' cumail sùil air adhartas dhaoine òga a leasachadh, gu sònraichte bho AS1 gu AS3.
- Leantainn air adhart a' leasachadh mhodhan-obrach fèin-mheasaidh a bhiodh mar uallach air an luchd-obrach air fad gus dèanamh cinnteach gun tachair atharrachaidhean aig deagh astar agus fèin-fhiosrachaidhean ionnsachaidh de dh'àrd chàileachd.

Dè thachras aig deireadh an sgrùdaidh?

Tha sinn riaraichte le càileachd an t-solair san fharsaingeachd. Tha sinn misneachail gu bheil a' mhòr chuid de phròiseasan fèin-mheasaidh na sgoile a' leantainn air adhart gu leasachaidhean. Obraichidh ar Prìomh Oifigear Sgìreil le Comhairle na Gàidhealtachd gus comas a thogail a thaobh leasachaidh agus cumar conaltradh a' dol gus sùil a chumail air adhartas. Thèid fiosrachadh a thoirt do phàrantan mun ìre gu bheil an sgoil air a thighinn air adhart.

Joan C. Esson
Neach-sgrùdaidh na Banrigh

Gheibhear tuilleadh fianais mun sgrùdadh, leithid mion-fhiosrachadh mu na measaidhean air comharran càileachd airson na sgoile agaibh air làrach-lìn Foghlam Alba aig

<http://www.educationscotland.gov.uk/inspectionandreview/reports/school/primsec/PlocktonHighSchoolHighland.asp>

Ma tha sibh airson an litir seo fhaighinn ann an cruth eadar-dhealaichte, mar eisimpleir, eadar-theangachadh dhi, cuiribh fios chun sgioba rianachd air an àireamh fòn gu h-ìosal.

Ma tha sibh airson fiosrachadh a thoirt dhuinn no gearan a thogail mun obair againn, fònaibh thugainn air 0141 282 5000, no cuiribh post-dealain gu: complaints@educationscotland.gsi.gov.uk. no sgrìobhaibh thugainn chun t-seòladh a leanas: Manaidsear Ghearain, Taigh Denholm, Pàirc Ghnìomhachais Almondvale, Slighe Almondvale, Baile Lèibhinn EH54 6GA.